

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

MOLADH ANN AM PAILTEAS DO SGIOBAIDHEAN DEASBAD BT ALBA 2010

04 An t-Samhain 2010

An dèidh feasgar de dheasbad a bha inntinneach agus cruaidh dha rìreabh, chaidh ainmeachadh cò na sgiobaidhean a thèid troimhe chun an iar chuairt dheireannach de Dheasbad BT Alba 2010. Bha dusan sgioba a strì an aghaidh a-chèile feasgar an-diugh anns an Lanntair ann an Steòrnabhagh le na ceithir sgiobaidhean aig an robh na comharran as àirde a' dol troimhe chun an ath chuairt a thèid a chumail ann an Dùn Èideann air Dimàirt 23 Samhain 2010. 'S iad Sgoil MhicNeacail A à Leòdhais a bhios a coinneachadh ri Sgoil Bhàgh a' Chaisteil A ann am blàr mòr na h-eileanan! Gabhaidh batail eile àite eadar dà sgoil à Inbhirnis, sin Acadamaidh Allt a' Mhuilinn agus Acadamaidh Rìoghail Inbhirnis.

Thuirt Calum Iain MacLeod, Cathraiche Comataidh Riaghlaidh Deasbad BT Alba:

"As leth a' chomataidh bu mhath leam meal-a-naidheachd a chur air a h-uile sgioba a thug dhuinn dà là air leth de dheasbad 's de spòrs. Bha taghaidhean gu math duilich aig na britheamhan againn air a' bhliadhna seo. 'S e aon de na rudan sònraichte mun Deasbad gu bheil e a' toirt cothrom do sgoilearan a tha fileanta sa Ghàidhlig a thighinn cruinn còmhla agus càirdeas a dhèanamh le sgoilearan eile mhaireas iomadach bliadhna. Tha mi a' guidhe a h-uile soirbheachas dha na ceithir sgiobaidhean 's iad a' falbh a-nis gus tòiseachadh ag ullachadh mu choinneamh Dhùn Èideann".

Chaidh an taghadh airson an iar-chuairt dheireannach mar a leanas: Buidheann A: Sgoil Bhàgh a' Chaisteil A V Sgoil MhicNeacail A Buidheann B: Acadamaidh Allt a' Mhuilinn V Acadamaidh Rìoghail Inbhirnis 'S ann an Ionad Sgeulachd na h-Alba ann an Dùn Èideann a bhios an iar-chuairt dheireannach a' gabhail àite air Dimàirt 23 Samhain. Thèid a' chuairt mu dheireadh a chumail ann am Pàrlamaid na h-Alba an oidhche an dèidh sin, Diciadain 24 Samhain 2010 agus bi seo ri chluinntinn beò air BBC Radio nan Gàidheal bho 1800.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BT GAELIC DEBATE 2010 SEMI FINALISTS ANNOUNCED

04 November 2010

Following an afternoon of tense and difficult debate, the four teams who will compete in the semi-finals of the BT Gaelic Debate 2010 have been announced. Twelve teams battled it out at An Lanntair in Stornoway with the four highest scoring teams going through to the semi-final stages which will be held in Edinburgh on Tuesday the 23rd of November 2010. The semi-final draw will see the island schools of the Nicolson Institute from Lewis battle against Castlebay Community School from Barra, whilst there will be another battle between the Inverness schools of Millburn and Inverness Royal Academy.

Calum Iain MacLeod, Chair of the BT Alba management committee said:

"On behalf of the organising committee I would like to congratulate all twenty teams who have given us a thoroughly entertaining two days of debating. Our three judges have had some extremely difficult choices to make. What is so special about the BT Alba Gaelic Debate is the opportunity it gives Gaelic speaking pupils from across Scotland to come together and build friendships, some of which will last for life. I wish the four teams entering the semi-final stages in Edinburgh every success as they begin their final preparations".

The draw for the semi-finals is as follows: Group A: Castlebay Community School A V Nicolson Institute A Group B: Millburn Academy V Inverness Royal Academy The semi-finals will be held in the Scottish Storytelling Centre in Edinburgh on Tuesday 23rd November. The Final will be held in the Scottish Parliament on Wednesday the 24th of November 2010 and will be broadcast live on BBC Radio nan Gàidheal from 1800.

Notes to Editors: The Management Committee would like to thank BT Scotland, the main sponsors, for their continued support of the Debate. Additional assistance for the BT Scotland Debate 2009 has come from Comunn na Gàidhlig, the BBC, Comhairle nan Eilean Siar, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA and the Management Review Group for Gaelic.